# Frèam-obrach airson Adhartas nan Sgilean-meata

‘S e sgilean gnèitheach, neo-thìmeil, àrd-ìre a th’ ann an sgilean-meata a chruthaicheas luchd-ionnsachaidh co-fhreagrach agus a bhrosnaicheas soirbheachas ann an co-theacsa sam bith a thig am barr san àm ri teachd. Bho àm breith, cleachdaidh clann na sgilean-meata aca nuair a dheuchainnicheas agus a rannsaicheas iad an saoghal mun cuair orra, agus ‘s e na sgilean-meata seo a bhios ag obair na iuchair gus leasachadh sgilean teicnigeach agus gluasadach eile fhosgladh. Mar sin, tha e cudromach nuair a leanas clann agus òganaich tron fhoghlam aca, gun dèan luchd-cleachdaidh na sgilean-meata gu sònraichte fhaicsinneach agus gun cruthaich iad cothroman airson luchd-ionnsachaidh gus leasachadh nan sgilean-meata aca aithneachadh, tuigsinn agus rannsachadh.

Chaidh frèam-obrach airson adhartas nan sgilean-meata SDS a leasachadh ann an co-obrachadh le com-pàirtichean agus luchd-cleachdadh o air feadh na h-Alba agus tha e ag amas ri cuideachadh ann an aithneachadh agus tuigsinn an coltas a th’ air na sgilean-meata anns an seòmar-teagaisg. Tha am frèam-obrach a’ togail air paipear ‘Sgilean 4.0 - Modail sgilean gus àm ri teachd na h-Alba a dhràibheadh’ agus tha e a’ sealtainn eisimpleirean de sgilean-meata thar na h-ìrean CfE bho thràth-bhliadhnaichean gu àrd-ìre.

| Fhèin-riaghladh | | Tuigse Sòisealta | | Ùr-ghnàthachas | |
|---|---|---|---|---|---|
| Fòcasachadh | Treibhdhireas | Conaltradh | Faireachdainn | Neònachas | Cruthachaileachd |
| Freagarrachadh | Iomairt | Co-obrachadh | Stiùireadh | Dèanamh Ciall | Breithneachadh |

Puingean rim beachdachadh nuair a thathar a’ cleachdadh frèam-obrach airson adhartas nan sgilean-meata:

- Chan eil am frèam-obrach èigneachail agus chaidh a sholarachadh gus taic a thoirt do luchd-chleachdaidh ann an meòrachadh agus leasachadh an cleachdadh teagaisg a thaobh na sgilean-meata a leasachadh san seòmar-teagaisg
- Cha deach am frèam-obrach a leasachadh mar inneal a dh’fhaodadh a bhith air a chleachdadh le luchd-ionnsachaidh - ged a tha seo fo ùghdarras luchd-chleachdaidh mar a tha iomachaidh dhaibh san sgoil aca.
- Chan eil na h-eisimpleirean air an toirt seachad mion agus chaidh an solarachadh mar toiseach tòiseachaidh molte gus taic a thoirt do thuigse
- Bu chòir do luchd-cleachdaidh na h-eisimpleirean rannsachadh anns an fhrèam-obrach agus beachdachadh air mar a the seo ceangailte ri eòlasan an neach-ionnsachaidh anns a’ cho-theacsa no a’ chuspair aca fhèin.

**Fòcasachadh**

**'S e Fòcasachadh an comas a bhith a' riaghladh eire cognatach le bhith a' sìoladh agus a' seòrsachadh an fhiosrachaidh gus fòcas a ghlèidheadh ann an linn fiosrachaidh an-luchdaichte agus atharrachadh seasmhach.**

Faodaidh Fòcasachadh a' gabhail a-steach na leanas:

- **Seòrsachadh:** An comas fiosrachadh a sheòrsachadh gu dhiofar buidhnean agus gus dàimh eadar an fhiosrachadh a thuigsinn
- **Aire:** An comas fòcas a dhèanamh air an àm làthaireach agus buaraidhean a dhì-threòrachadh/sheachnadh
- **Sìoladh:** An comas fiosrachadh neo-riatanach a sìoladh às agus fòcas a dhèanamh air an duilgheadas riatanach air làimh

| Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealltainn fòcasachadh aig Tràth-ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealltainn fòcasachadh aig A' Chiad Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealltainn fòcasachadh aig An Dàrna Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealtainn fòcasachadh aig An Treas/Ceathramh Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealtainn fòcasachadh aig Àrd Ìre le; |
|---|---|---|---|---|
| • a' taisbeanadh ùidh agus com-pàirticheas leantainneach ann an gnìomhachd thar ùine<br>• ag aithneachadh nithean agus tachartasan mar coltach no eu-choltach, agus a' co-roinn nithean gu buidhnean<br>• a' gabhal ri atharrachaidhean anns an àrraineachd aca gus fòcasachadh air gnìomhachd | • a' coimhead le feart air an gnìomh ri làimh agus a' seachnadh buaraidhean gus a choileanadh<br>• a' bhith ioma-chuimseach agus ag obair tro ìrean a' ghnìomhachd agus a' mìneachadh adhbhar airson nan roghainnean aca<br>• a' tuigsinn atharrachaidhean a tha a dhith anns an àrraineachd aca gus taic a thoirt do fhòcasachadh air gnìomhachd | • a' cur ceistean gus gnìomhachdan a shoilleireachadh, a' cumail fòcas gus planadh agus gus amasan a stèidheachadh le beagan taic gus gnìomhachas/gnìomhachd a choileanadh<br>• ag eagrachadh an smaoineachaidh aca agus a' fòcasachadh air gnìomhachas gus buaraidhean a sheachnadh<br>• a' tarraing air sreath de thùsan fhiosrachaidh, a' seòrsachadh tron fhiosrachadh gus fòcasachadh air na tha riatanach<br>• a' moladh atharrachaidhean dhan àrraineachd aca gus taic a thoirt don chomas aca fòcasachadh air gnìomhachash | • a' cur ceistean gus gnìomhachdan a shoilleireachadh agus a' co-phàirteachadh an fhiosrachaidh a rannsaich iad<br>• ag eagrachadh an smaoineachaidh aca agus a' comharrachadh structar gus beachdan a thaisbeanadh ann an òrdugh thuigseach, a' seachnadh agus a' dì-threòrachadh buaraidhean<br>• ag aithneachadh fiosrachadh riatanach, a' tarraing co-dhùnaidhean agus a' dèanamh ghèarr-chunntas de na lorg iad<br>• a' taghadh an àrainneachd as iomchaidh airson gnìomhachd sam bith gus fòcasachadh air an gnìomhachd a tha ri làimh | • a' cur ceistean gus an gnìomhachd a thuigsinn, agus a' cuideachadh fheadhainn eile leis an tuisg no com-pàirticheas aca gus an gnìomhachas a chumail a' dol<br>• a' fòcasachadh air an gnìomhachd ri làimh agus a' toirt dùbhlan gu misneachdail agus gu frionasach do giùlain buaireadh ann an daoine eile ma tha seo riatanach<br>• a' toirt fhiosrachadh riatanach còmhla gu misneachdail bho dhiofar thùsan, a' dèanamh ghèarr-chunntas de beachdan, cùisean, lorgan no co-dhùnaidhean agus an taisbeanadh gu h-iomchaidh<br>• a' taghadh an àrainneachd as iomchaidh gu neo-eisimeileach gus fòcasachadh air an gnìomhachd a tha ri làimh |

**Treibhdhireas**

**Tha ag obair le treibhdhireas a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn an còmhnaidh a' gabhail a-steach na tha sinn a' creidsinn a bhith beusanta aguscothromach. 'S e a bhith a' giùlain ann an dòigh onarach agus co-chòrdail stèidhichte air toineasg làidir nan luachan fhèin agus pearsanta.**

Faodaidh cleachdadh Treibhdhireas a' gabhail a-steach na leanas:

- **Fèin-mhothachadh:** An comas faireachdainnean, neartan, siostaman creideamh agus crìochan a thuigsinn agus a riaghladh, agus na buaidhean a th'aig seo air dòighean-giùlain agus an dòigh anns a bheil iad a' bualadh air daoine eile
- **Beus-eòlas:** A' bhith mothachail air agus ag obair air luachan agus prionnsabalan pearsanta
- **Fèin-smachd:** A' bhith mothachail air agus ag obair air luachan agus prionnsabalan pearsanta

| Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealltainn treibhdhireas aig Tràth-ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealltainn treibhdhireas aig A' Chiad Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealltainn treibhdhireas aig An Dàrna Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealtainn treibhdhireas aig An Treas/Ceathramh Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealtainn treibhdhireas aig Àrd Ìre le; |
|---|---|---|---|---|
| • a' sealltainn coibhneas ri daoine eile agus a' bhith frionasach ri faireachdainnean daoine eile<br>• a' bhith mothachail air mar a dh'faodadh buaidh a bhith aig na gnìomhan aca air daoine eile<br>• ag aithneachadh gu bheil rudan coltach agus eu-coltach aca ach tha sinn uile air leth | • a' tuigsinn agus a' leantainn nan riaghaltan ann an cluich agus geamaichean<br>• a' tuigsinn gur dòcha gu bheil luachan agus beachdan eadar-dhealaichte aig daoine eile bhuapa agus ag ionnsachadh co-rèiteachadh a dhèanamh<br>• ag aithneachadh agus a' toirt spèis do faireachdainnean agus tòcaidhean daoine eile agus dè na gnìomhan agus tachartasan a dh'fhaodadh buaidh math no dona a chur air seo<br>• a' freagarrachadh na cainnte agus giùlain aca gus coinneachadh ri suidheachaidhean eadar-dhealaichte | • a' bhith mothachail anns na eadar-ghabhailean aca còmhla ri daoine eile agus a' bhith dèonach beachdan agus luachaidhean daoine eile a thuigsinn<br>• a' cruthachadh agus a' leantainn riaghaltan agus a' toirt beachd airson an feum a th' orra<br>• a' bhith mothachail gum faod buaidh a bhith aig faireachdainnean agus tòcaidhean daoine eile air an dòigh-labhairt no -giùlain aca agus a' freagairt gu frionasach<br>• a' gabhail pàirt ann an còmhraidhean mu luachan agus a' bhith comasach iad seo deimhinneachadh tro beatha làitheil | • a' beachdachadh air an dreuchd a th' aig riaghaltan ann an sòisealtas deamocratach agus a' bhith mothachail air diofaran cruinneil agus cultarail<br>• a' bhith modhail ann an eadar-ghabhailean sam bith còmhla ri daoine eile ann an sreath farsaing de cho-theacsaichean, a' gabhail a-steach iadsan aig a bheil luachan agus prionsabalan eadar-dhealaichte bhuapa<br>• a' sealltainn frionasachd airson faireachdainnean no comasan daoine eile agus a' gabhail ri atharrachaidhean ri dòigh-obrach nuair a thathar ag obair ann am buidheann ma tha seo iomachaidh<br>• a' comharrachadh luachan pearsanta anns an sgoil agus beatha laitheil aca agus a' bhith comasach beachd a thoirt air carson a tha seo cudromach | • a' tuigsinn na dreuchd a th' aig riaghaltan ann an sòisealtas deamocratach agus ag obair gus an tuigse aca air diofaran cruinneil agus cultarail a farsaingeachadh<br>• a' bhith frionasach ri faireachdainean no comasan nan daoine eile agus a' dèanamh breitheamh iomachaidh air cuin a dh'fheumadh iad an dòigh-obrach atharrachadh no obair ann an dòigh eile gus seo a ghabhail a-steach<br>• a' comharrachadh luachan pearsanta ann am beatha làitheil agus cuideach ag obair gus an tuigse aca fharsaingeachadh air luachan agus prionnsabalan daoine eile |

**Freagarrachadh**

**‘S e Freagarrachadh an comas agus an ùidh gus eòlas, tuigse agus sgilean a mheudachadh gus a bhith freagarraichte agus ath-leumach nuair adh’atharraicheas suidheachaidhean.**

Faodaidh Freagarrachadh a’ gabhail a-steach na leanas:

- **Fosglachd:** A’ bhith fosgailte ri beachdan agus modhan-obrach ùra - le cumadh-inntinn airson fàs
- **Meòrachadh breitheil:** An comas meòrachadh breitheil air fiosrachadh agus eòlas ùr gus tuigse nas doimhne fhaighinn agus ionnsachadh aleabachadh agus a mheudachadh
- **So-fhreagarrachd:** Sùbailteachd a thaobh làimhseachadh rudan gun dùil, a’ freagarrachadh ri suidheachaidhean nuair a thig iad am bàrr
- **Fèin-ionnsachadh** An comas an teagasg fhèin gun stiùireadh bho daoine eile
- **Ath-leumachd:** Comas freagairt gu deimhinneach agus gu cuideachail ri dùbhlain agus ioma-fhillteachd èabhlaideachadh gun fhiaradh

| Tha Luchd-ionnsachaidh a’ sealtainn freagarrachadh aig Tràth-ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a’ sealtainn freagarrachadh aig A’ Chiad Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a’ sealtainn freagarrachadh aig An Dàrna Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a’ sealtainn freagarrachadh aig An Treas/Ceathramh Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a’ sealtainn freagarrachadh aig Àrd Ìre le; |
|---|---|---|---|---|
| • a’ cur iomadh ceist agus a’ bhith feòrachail mun t-saoghal mun cuairt orra<br>• ag aithneachadh duilgheadasan sìmplidh agus a’ bruidheann air fuasglaidhean còmhla ri daoine eile<br>• a’ bhith sùbailte agus ath-leumach nuair a thathar a’ coinneachadh ri suidheachaidhean ùra no gun dùil<br>• ag ionnsachadh a dh’obair agus a chluich còmhla ri daoine eile | • a’ cur agus a’ freagairt ceistean gus tuigse a dhomhainneachadh agus a’ freagarrachadh ciamar a thathar a’ cluich agus ag ionnsachadh<br>• ag aithneachadh agus a’ meòrachadh air duilgheadasan agus a’ gabhail tlachd ann an fuasglaidhean a lorg<br>• a’ smaoineachadh gu cruthachail air fuasglaidhean airson gnìomhachd agus a’ leasachadh seo tro cleachdadh feuchainn is deuchainn<br>• a’ freagarrachadh a’ ghiùlain agus na cainnte aca gus coinneachadh ri suidheachaidhean agus gnìomhachasan eadar-dhealaichte<br>• a’ gabhail turas mu seach gu | • a’ cur ceistean inntinneach agus a’ toirt dùbhlan do bheachdan gu cruthachail gus smaoineachadh agus giùlan fhreagarrachadh<br>• ag aithneachadh duilgheadasan agus a’ rannsachadh diofar dòighean gus fuasglaidhean a thuigsinn agus a lorg, a’ gabhail a-steach cleachdadh nan innealan air-loidhne<br>• a’ tuigsinn agus a’ freagairt ri fios air ais nuair a thathar ag obair còmhla ri na comhaoisean aca<br>• ag atharrachadh an dòigh obrach aca gus coinneachadh ri gnìomhachasan agus buidhnean eadar-dhealaichte<br>• a’ ruigsinn co-aontachaidhean agus a’ toiseachadh air | • a’ cur ceistean, a’ smaoineachadh gu taobhail agus ag atharrachadh giùlan gus tighinn ri sreath de cho-theacsaichean<br>• a’ gabhail tlachd ann an teacsaichean no fiosrachadh iomachaidh eile a thaghadhgu tric gus fios a thoirt do smaoineachadh<br>• a’ seòladh sreath dhùbhlain gus tuigse nas doimhne a leasachadh air mar a dh’fhaodadh na sgilean a bhith air an cur gu feum<br>• a’ toirt agus a’ freagairt ri fios air ais bho na comhaoisean aca agus a’ bhith dèonach agus comasach aontachadh a ruigsinn tro co-rèiteachadh<br>• a’ luachadh gu breithneachail agus ag atharrachadh an dòigh-obrach aca nuair a thathar ag obair ann am | • a’ smaoineachadh gu taobhail, a’ cur an gnìomh an tuisge aca ann an sreath fharsaing de cho-theacsaichean, a’ comharrachadh iomairt agus smachd<br>• a’ luachadh an adhartas aca fhèin agus a’ bhith comasach an dòigh-obrach aca fhreagarrachadh gus a’ chùis a dhèanamh air dùbhlain gun dùil<br>• a’ toirt spèis do dhaoine eile agus a’ sìreadh dòighean èifeachdach gus co-obrachadh a leasachadh, a’ gabhail a-steach rèiteachadh<br>• ag obair còmhla ri comhaoisean gus dòighean a dhèanamh airson an obair aca a sgrùdadh agus a leasachadh<br>• a’ freagairt gu deimhinneach |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | dèonach agus a’ co-roinneach gu co-obrachail còmhla ri daoine eile nuair a thathar ag obair air gnìomhachd na buidhne | easaonachdan a riaghladh | buidheann, a’ gabhail barrachd dleastanas ma tha seo riatanach | agus a’ toirt buaidh air daoine eile nuair a thathar a’ tachairt ri atharrachadh gun dùil |

**Iomairt**

**‘S e Iomairt mu dheidhinn smaoineachadh air ar son fhèin agus ‘s e ullamhachd airson tòiseachadh agus cothroman a ghabhail, air a thogail air fhèin-chreideamh,**

Faodaidh cleachdadh Iomairt a’ gabhail a-steach na leanas:

- **Cruadal:** Comas riaghlaidh nan eagalan agus a’ tighinn thairis orra gus gnìomh a ghabhail
- **Smaoineachadh neo-eisimeileach:** An comas smaoineachaidh air an son fhèin agus a’ gabhail earbsa ann am breitheanas aca fhèin
- **A’ gabhail riosgan:** A’ dèanamh rudeigin anns a bheil cunnart no riosg gus amas a choileanadh
- **A’ dèanamh co-dhùnaidhean:** A’ dèanamh taghadh beachdaichte às dèidh impis agus smaoineachadh fhaiceallach a chleachdadh gu h-iomchaidh
- **Fèin-chreideamh:** Faireachdainn earbsach anns na comasan, feartan agus breitheanas aca fhèin
- **Fèin-bhrosnachadh:** An comas gnìomh a ghabhail gun buaidh no brosnachadh bho daoine eile
- **Dleastanas:** An comas leantainn air dealasan, a’ bhith for-ghnìomhach agus a’ gabhail dleastanas
- **Luimeil:** Deòntas riosgan a ghabhail, iomairt a shealltainn agus teagmhaisean ùra a ghabhail os làimh

| Tha Luchd-ionnsachaidh a’ sealtainn iomairt aig Tràth-ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a’ sealtainn iomairt aig A’ Chiad Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a’ sealtainn iomairt aig An Dàrna Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a’ sealtainn iomairt aig An Treas/Ceathramh Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a’ sealtainn iomairt aig Àrd Ìre le; |
|---|---|---|---|---|
| • a’ tòiseachadh air planadh agus a’ gabhail tlachd annan crìoch a chur air gnìomhachd ainmichte<br>• An dà chuid a’ leantainn stiùiridhean agus a’ dèanamh an stìuridh aca fhèin gus am faod daoine eile a leantain<br>• A’ sealltainn misneachd tro bhith am mìneachadh fhèin tro gnìomhan mar a’ dèanamh comharran, cluich-riochd, a’ gabhail pàirt ann an geamaichean, a’ seinn no a’ dannsa le beagan gluasad ma tha seo a dhith airson taic<br>• a’ bhith misneachdail nuair a thathar air beulaibh suidheachaidhean agus àrainneachdan ùra le beagan taic | • a’ briseadh gnìomhachdan gu pìosan nas lugha gus na h-ath-cheuman a phlanadh<br>• a’ leantainn air le agus crìoch a chur air gnìomhachd<br>• a’ cur ceistean le misneachd mu gnìomhachd gus tuigse a dhearbhachadh air adhbhar na gnìomhachd<br>• a’ leasachadh mothachadh air na tha a’ còrdadh riutha agus na tha doirbh dhaibh | • le taic, a’ luachadh agus a’ seòrsachadh fiosrachadh agus a’ taghadh nan dòighean-obrach as iomachaidh airson gnìomhachd sònraichte<br>• le taic, a’ stèidheachadh na h-amasan aca fhèin gus gnìomhachd a choileanadh taobh a-staigh ceann-ama<br>• a’ luachadh na tha iad air ionnsachadh agus a’ bhith comasach coimeas a dhèanamh air an dòigh-obrach aca còmhla ri daoine eile sa bhuidheann<br>• a’ tuigsinn stiùireadh agus a’ bhith misneachdail a’ gabhail gnìomhachd os làimh<br>• a’ toirt dùbhlan dhaibh fhèin gu misneachdail nuair a thathar an aghaidh rud gun dùil, ach a’ tuigsinn cuin a bhithear ag iarraidh taic | • a’ planadh agus a’ taghadh fiosrachadh gu neo-eisimleach gus plana-gnìomh a chruthachadh agus gnìomhachdan a choileanadh<br>• a’ dearbhachadh agus a’ stèideachadh targaidean reusanta airson fhèin-leasachadh, agus cinn-latha airson coileanadh na h-obrach<br>• a’ luachadh dòighean-obrach eadar-dhealaichte airson smaoineachadh agus ionnsachadh, agus a’ luachadh an adhartais aca<br>• a’ mion-sgrùdadh agus a’ luachadh gnìomhachdan agus fiosrachadh le bhith ag èisteachd agus a’ bhith misneachdail nuair a thathar a’ cur ceistean<br>• a’ cumail orra le gnìomachdan an aghaidh | • a’ sealltainn smaoineachadh neo-eisimleach ann an planadh agus a’ stèidheachadh amasan, agus a’ leantainn tro gnìomhan airson leasachadh<br>• ag ath-sgrùdadh an ionnsachadh aca fhèin, a’ dèanamh ceangal agus a’ cleachdadh an fhiosrachaidh sin gus targaidean agus cinn-laithean ath-sgrùdadh agus a mholadh<br>• a’ rannsachadh gu misneachdail agus a’ beachdachadh air roghainn eile nuair a thathar a’ planadh dòigh air adhart, taobh a-staigh agus a-muigh na sgoile<br>• a’ gabhail dleastanas gu misneachdail nuair a thathar a’ rannsachadh suidheachaidhean ùra agus |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | | | milleadh dùilean le bhith a' cleachdadh cruthachaileachd agus ro-ionnsachadh gus fuasglaidhean a lorg | a' toirt taic do dhaoine eile gus gnìomhachdan iom-fhillte no gun dùil a choileanadh |

**Conaltradh**

**'S e conaltradh an comas fiosrachadh a cho-roinn gu fosgailte agus gu h-onarach ann an dòigh a chruthaicheas co-thuigse mu smaointean, losan agusbeachdan eadar a h-uile duine an sàs.**

Tha comas conaltraidh a' gabhail a-steach:

- **A' faighinn fiosrachadh:** A' tuigsinn agus a' làimhseachadh san inntinn conaltradh labhairteach no sgrìobhte
- **Ag èisteachd:** An comas tuigsinn gu frionasach an fhiosrachadh a chaidh a sholarachadh leis an neach-labhairt, agus a' taisbeanadh ùidh anns ancuspair air a dheasbad
- **A' toirt seachad fiosrachadh:** A' toirt seachad conaltradh sgrìobhte no labhairteach ann an dòigh anns am bi an fheadhainn a tha a' faighinn anconaltradh a thuigsinn as fhèarr
- **Ag innse na sgeulachd:** An comas innse sgeulachdan a bhios ag iompachadh, a' brosnachadh agus/no a' togail agus cuideachd a' toirt co-roinn anfhiosrachaidh beò tro eisimpleirean agus dealbhan

| Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealtainn conaltradh aig Tràth-ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealtainn conaltradh aig A' Chiad Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealtainn conaltradh aig An Dàrna Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealtainn conaltradh aig An Treas/Ceathramh Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealtainn conaltradh aig Àrd Ìre le; |
|---|---|---|---|---|
| • a' gabhail tlachd ann an èisteachd ri agus ath-innse sgeulachdan còmhla ri caraidean, agus a' cleachdadh a' mhic-mheanma aca gus na sgeulachdan aca fhèin innse<br>• gam foillseachadh fhèin tro cluich agus ag innse na sgeulachd, agus a' bruidhinn air an ionnsachadh aca<br>• a' bruidhinn air cuimhne agus eòlasan<br>• ag ionnsachadh mar a thèid faclan a chleachdadh airson diofar adhbharan<br>• ag èisteachd ri agus a' leantainn stiùireadh gus pàirt a ghabhail ann an gnìomhachas | • a' dèanamh conaltradh le misneachd a' fàs ann an sreath de dhòighean gu labhairteach agus gu didseatach<br>• ag èisteachd ri daoine eile, a' co-roinn beachdan agus eòlasan, agus a' sealtainn neònachas nuair a thathar a' rannsachadh diofar taobhan-seallaidh<br>• ag èisteachd ri agus a' rannsachadh sgeulachdan nan daoine eile, agus a' cur ceistean mun t- saoghal mun cuairt orra<br>• a' freagarrachadh na cainnte agus giùlain aca gus coinneachadh ri suidheachaidhean eadar-dhealaichte<br>• a' cur ceistean iomachaidh mu gnìomhachd gus | • a' dèanamh conaltradh gu misneachdail ann an sreath de shuidheachaidhean eòlach agus aineòlach, ann an sreath de dhòigheadh eadar- dhealaichte<br>• a' cur ceistean inntinneach aig nach eil freagairt sìmplidh<br>• a' cleachdadh na chì agus chluinn iad gus beachdan a chruthachadh agus fhìreanachadh, agus gus barrachd fiosrachadh a lorg<br>• a' co-roinn, a' mìneachadh agus a' fìreanachadh na beachdan aca fhèin, agus a' tòiseachadh air cànan a chleachdadh gus buaidh a thoirt air | • a' sìreadh ceistean rin rannsachadh agus dùilgheadasan rim fuasglachadh agus deuchainn le beachdan agus ceistean<br>• a' dèanamh conaltradh gu misneachdail tro diofar meadhanan mar làbhairteach, sgrìobhte agus goireasan didseatach<br>• ag èisteachd gu faiceilleach agus a' cur luach ann am sealaidhean agus beachdan eile agus a' cleachdadh seo gus an smaoineachadh aca fhèin a leasachadh<br>• ag èisteachd ri taobhan-seallaidh eile agus a' ruigsinn co-dhùnadh tro co-rèiteachadh<br>• a' mion-sgrùdadh agus a' | • a' cleachdadh cainnt iomachaidh agus nas iom-fhillte gus beachdan a cheisteachadh agus a rannsachadh agus gus fuasglaidhean ri duilgheadasan a mhìneachadh gu soilleir agus gu goirid<br>• a' cur luach air barailean agus beachdan daoine eile, agus gan cur ri chèile le fiosrachadh bho dhiofar thùsan gus beachdan agus fuasglaidhean ùra a chruthachadh<br>• a' cleachdadh cainnt èifeachdach is nas ioma-fhillte gus na seallaidhean agus smuainean aca a mhìneachadh<br>• a' cur ceistean gu |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | dèanamh cinnteach gu bheil iad a' tuigsinn adhbhar na gnìomhachd | daoine eile<br>• a' cur ceistean nas fhòcasaichte gus gnìomhachd a thuigsinn agus gnìomachas a phlanadh | luachadh gnìomhachdan agus fiosrachadh gu neo-eisimleach le bhith ag èisteachd agus a' cur ceistean | misneachdail, agus a' rannsachadh agus a' beachdachadh air roghainn eile nuair a thathar a' planadh dòigh air adhart, taobh a-staigh agus a-muigh na sgoile |

**Faireachdainn**

**'S e faireachdainn a bhith beachdachadh air buaidh a th' air daoine eile le bhith comasach sreath de dhiofar smaointean, faireachdainnean agustaobhan-sheallaidh a-steach.**

Tha eisimpleirean de fhiosrachadh fhoillseachadh a' gabhail a-steach:

- **Co-fhaireachadh:** An comas gus an taobh-sheallaidh daoine eile a ghabhail a-steach gus na faireachdainnean agus brosnachaidhean aca a thuigsinn
- **Cogais shòisealta:** Faireachdainn de dleastanas agus cùram airson sòisealtas nas fharsainge

| Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealtainn faireachdainn aig Tràth-ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealtainn faireachdainn aig A' Chiad Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealtainn faireachdainn aig An Dàrna Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealtainn faireachdainn aig An Treas/Ceathramh Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealtainn faireachdainn aig Àrd Ìre le; |
|---|---|---|---|---|
| • a' sealltainn coibhneas agus a' bhith frionasach ri daoine eile<br>• a' bhith mothachail air mar a dh'faodadh buaidh a bhith aig gnìomhan air daoine eile<br>• a' foillseachadh cùram agus uallach fìor airson daoine eile agus sòisealtas nas fharsainge | • ag aithneachadh agus a'toirt spèis do faireachdainnean agus tòcaidhean daoine eile<br>• a' sealltainn coibhneas agus a' tuigsinn gu bheil buaidh aig na gnìomhan aca fhèin air faireachdainnean daoine eile<br>• a' bhith mothachail air na gnìomhan agus tachartasan a dh'fhaodadhbuaidh math no dona a chur air faireachdainnean agus tòcaidhean daoine eile<br>• a' togail an aire aca fhèin air cùisean cruinneil agus a' leasachadh ùidean air mar a dh'fhaodadh na cùisean seo a bhith air an cuideachadh aig ìre iondail | • a' sealltainn coibhneas agus spèis ann an eadar-ghabhailean còmhla ri daoine eile, a' gabhail a-steach iadsan aig a bheil beachdan no luachan eadar-dhealaichte<br>• a' bhith mothachail gum faod buaidh a bhith aig faireachdainnean agus tòcaidhean daoine eile air an dòigh-labhairt no -giùlain aca agus a' bhith comasach freagairt gu frionasach<br>• a' fàs eòlach air agus a' tuigsinn cùisean cruinneil agus mar am faod sinn buaidh math a thoirt air atharrachadh seasmhach | • a' sealltainn coibhneas agus spèis ann an eadar-ghabhailean còmhla ri daoine eile ann an sreath fharsaing de cho-theacsaichean agus suidheachaidhean, a' gabhail a-steach iadsan aig a bheil beachdan no luachan eadar-dhealaichte<br>• a' bhith frionasach ri faireachdainnean no comasan daoine eile agus a' moladh atharrachaidhean ri dòigh-obrach nuair a thathar ag obair ann am buidheann ma tha seo riatanach<br>• a' leasachadh tuigse nas doimhne air cùisean cruinneil agus a' foilseachadh beachdan ann an dòigh thuigseach | • a' sealltainn coibhneas agus spèis do dhaoine eile anns a h-uile co-theacsa agus suidheachadh<br>• a' lorg fiosrachadh gus rannsachadh agus togail air an tuigse aca agus na beachdan aca air daoine eile agus an saoghal taobh a-muigh na h-àrainneachd/nam buaidhean dlùth fhaisg orra<br>• a' dèanamh coimeas air dòighean-obrach eadar-dhealaichte gus daoine eilea ghabhail a-steach ann an obair na buidhne<br>• a' sìreadh fiosrachadh bho sreath de dhiofar thùsan gus coimeas a dhèanamh agus gus togail air eòlas agus tuigse air cùisean cruineil ioma-fhillte |

**Co-obrachadh**

**'S e co-obrachadh ag obair còmhla ri daoine eile. 'S ann mu dheidhinn ag obair ann an co-òrdanachadh le daoine eile gus fiosrachadh a libhrigeadh nodèiligeadh le duilgheadasan a tha e.**



Tha an comas co-obrachadh a' gabhail a-steach:

- **A' togail dàimhean:** An comas aithneachadh agus tòiseachadh ceanglaichean agus gus an leasachadh agus glèidheadh ann an dòigh a tha na buaidhan dà chuid dhuibh fhèin agus dha daoine eile.
- **Ag obair ann an sgioba agus a' co-obrachadh:** Ag obair còmhla ri daoine eile ri amasan co-roinnte. A' cruthachadh sineirgidh na buidhne ann anamasan cruinnichte a leantainn
- **Lèirse shòisealta:** A' bhith mothachail air freagairtean daoine eile agus a' tuigsinn carson a tha iad a' freagairt san dòigh sin
- **Comas cultarail:** Frionasachd ri agus aire air suidheachaidhean cultarail eadar-dhealaichte

| Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealtainn co-obrachadh aig Tràth-ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealtainn co-obrachadh aig A' Chiad Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealtainn co-obrachadh aig An Dàrna Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealtainn co-obrachadh aig An Treas/Ceathramh Ìre le; | Tha Luchd-ionnsachaidh a' sealtainn co-obrachadh aig Àrd Ìre le; |
|---|---|---|---|---|
